FILIDH

6. a.
Scots. 295
H.M. 265.



NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

AM FILIDH:

CO-THIONAL ÙR DE

DH-ÒRAIN 'S DE DHUANAGAN.

LE

SÉUMAS MUNRO,

ÙGHDAIR AN ÀILLEAGAIN,

&c. &c. &c.

DUN-ÉIDIN:

OLIVER 'US BOYD.

1840.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND
B
26 MR
1935

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

40

LE MOR-THLACHD AGUS SPEIS,

THA AN T-ÙGHDAIR A' CUR

AN FHILIDH

FO THÈARMUNN

UILE ÒIGHEAN CEÒL-BHINN

NA GÀIDHEALTACHD.

ORAIN.

1.—GAOL AN FHITHICH AIR A' CHNÀIMH.

Fonn—"*Muckin' o' Geordie's byre.*"

Mo shoiridh beir suas do Lochabar
Do chum na mnà gasta 'tha 's Tòrr,
'Us innis mo chràdh dhi; 'us abair
Gu bheil mi 'gà h-agairt gu mòr—
Nach d'fhuair mi fios-freagairt do'n litir,
'Thug Ceit Nic a Phiocair á Comh'l,
'S a chuir mi, le cùram, 'nà pasgan,
Gu Seònaid dhuibh chasurlaich mhòir.

'S tric mo shùilean a' sileadh nach cuala
Mi drannd o'n té 'bhuair mi le 'pòig;—
'Nuair bha mi 'an taice r'à guala
Cha robh orm aon smuairean mu m' lòn;
Bu mhath i a riaraich' nan cearc orm,
'S nan spealtan a thigeadh o'n bhòrd;
Bha gràdh agus ceanal 'us tlus
Ann an Seònaid dhuibh chasurlaich mhòir.

Gur tric 'rinn mi suidhe m'à coinneamh
'S i 'g éirigh air pronnadh na feòl';
Gur tric 'chuir mi làmh air á dronnaig
'S i 'lomadh nan tunnagan beò;—
'S i bheireadh an fhuil air na Turcaich,
'S a dheanadh a' mhuiceil a leòn;—
M'à cuid cha b'i idir an trusdar
Mo Shcònaid dhubh chasurlach mhòr!

'S ann dh' ìnnsinn duibh aogasg mo leannain,
Na'm b' aithne dhomh teannadh ri ceòl,—
Ach, ciamar a ni mi dhuibh 'aithris,
'S mi 'n deireas 'an aithne 's an seòl?—
Ceann mòr oirre, 's caisreagan lachdunn,
'Us neul an tombac air à sròin;
Lìth chréise air leacaibh à peircill,
'S ball-seirc air à leth-cheann, mar òr.

A sùilean mar lasraichean céire,
No tuill ann an éibhleagaibh beò;
A h-ùrla mar splìùcan iar glasadh,
'S à casan cho reamhar ri ròn;
'S i 's farumaich' céum air feadh ùrlair
An àm a bhi rùrach nam fròg;
Gu'n deanadh i pronnag dhe d' laodhran,
Na'n saltradh mo ghaol ort le 'bròig!

O! 's math, an àm taosnadh an arain,
'S bhi lìonadh nam marag, à cròg!
Cha mhios' i gu sgròbadh nan cuman,
No snìomh 'chur 'am muineal a' gheòidh!—
Gur tu rinn mo charadh, a shaoghail,
A sgar mi o thaobh na mna còir'—
Ach,—cha leig mi as m' aire gu bras i,
Mo Sheònaid dhubh chasurlach mhòr!

S. M.

2.—AN GEARAN GUN RATH.

Fonn—"Briogais Mhic Ruairidh."

Gur truagh, gur truagh bhi 'm shuidhe fo smuar
Gun duine 'gam luaidh mar chéile dha!
Mo bhròn, mo bhròn, a h-uile bean òg
Ach mise, 's à h-òigear féin aice!

Ged theid mi do'n chlachan
'An sgìreachd air astar,

Fear idir cha-n fhaic mi le 'n céutach mi,
Ged bhios mi, gach uair,
'S an deise a's uaisle
Gheibh mi 's Taobh-tuath 'g am sgéudachadh.

'S ged theid mi gu bainis
Na fir cha dean m' fharraid,
Ged bhios mi ro bhanalta béusachail;
'S 'nuair chi mi fear tlàth,
Ged ni mi ris gàir',
Cha nochd e dhomh càir ä dhéudaiche!

Gur mi bhios fo aiinheal
'Bhi faicinn nan caileag,
'S na fir dol 'nan carabh gu pléideiseach,—
Ri briotalas caoin
Ri gillean än gaoil,—
Is mise 'am aonar—éisleineach.

Cha-n urrainn mi thuigsinn,
(Mur d' rinneadh dhomh buitseachd)
Ciod chùm iad o ruigsinn gu réiteach rium,
'S nach d' ràinig mi aois
'Chuir smalaich air m' aoigh,
'S nach urrainn an Saoghal béum thoirt dhomh!

Cha-n uireasabh oilein
No ionnsachaidh eile
A's deireas nach eileas 'an déigh orm,
Ach tuaireasgeul sgleò
'Thog Anna nan cnò
Gu'n robh mi treis mòr 'us Eirionnach!

O! 's truagh 'bhi gun leannan!—
Gu'm b' fhearr 'bhi gun anail,
Na laidhe fo sgainnil nam bèurradair!—
Gu'm falbh mi gun dàil
'An coinneamh mo dhàin,
'S cha till mi gu bràth gun chéil' agam!

S. M.

3.—TEICH DO'N FHÀSACH.

Fonn—"Fly to the Desert."

Ise. O! TEICH do'n fhàsach, teich leam féin,
Ar bothain thàir cha 'n fhiù do spéis,
Ach, O! nach anns' am bothan caoil
Le gràdh, na àros àill, gu'n ghaol?

Ge doirbh 's an fhàsach colg nan creag,
Tha 'n t-sòbhrach bhàn a' fàs 's gach leid;
Cha lugh'id à snuagh gur h-anns' a' ghleann,
'An lagan uaignidh, 'thog i 'ceann.

O! fuinn gu'n cluinn sinn, 's sùilean chì,
'Ghrad-shaighdeas ùr-ghath rùin 's a' chrìdh',
Ceart mar gu'n d' fhuair an t-anam stòr
'S an uair sin, air 'n robh riabh ä thòir!

Ceart mar gu'n robh na sùilean tlàth,
'S na bilean cùbhraidh do 'm bu dàn
Ar n-osnaidh-ghaoil gu léir, nar láth'ir
Gu riochdail, léursainneach gu bràth.

Mar sin, gach gath o d' shùil, 's gach fonn
O d' bheul, air tùs gu'n dhrùigh orm trom;
Gu h-ùr, 's ged b' ann á saoghail chian,
Ach ionmhuinn, 's geda b'eòl dhomh riabh.

Teich leam, ma ta; mur d' fhàg thu 'd dhéigh
Té'ile 'fhuair do ghràdh gu léir;
Car foill mur d' imir thu air Léig
Do'n 'bhòidich thu gu bràth do spéis.

Thig leam, ma tha do ghaol glan, ùr,
Ion mar mo ghaolsa, saor o ghrùid—
Ur, mar uisg' an fhuarain bheò
Air chruaich nan ruadhag, tùs an lò.

Ach, ma chuir thu, air mo sgath-s',
Ri maidinn eile cùl gu nàr,
Ma thilg thu 'h-ìomhaigh-rùin as 'àit',
Thoirt dhomhs' an ionaid fhaoin mar thàmh,—

Slàn leat,—bu luaithe 'thogainn tigh
Air lochan còmhdaichte le dĕigh*
'S a' ghrian ri h-aiteamh-dian le 'soills,
Na earbs' a gaol cho làn de dh-fhoill!

ABRACH.

4.—A' CHUAIRT-SHAMHRAIDH.

Fonn—"*'S i sid an deoch mhilis*," &c.

HUG óro, mo leannan,
Thig mar-rium air chuairt
Do dh-ùr-choill' a' bharraich
'S an tathaich a' chuach;
Hug óro, mo leannan,
Thig mar-rium air chuairt.

Tha gruaman a' Gheamhraidh
Iar fàgail nam beannta,
'S e 'sruth anns gach alldan
'Nä dheann-ruith a-nuas.
Hug, &c.

Tha aodunn nan sléibhtean
A' dèarrsadh gu céutach;
'S na lusana péucach
Ag éirigh le buaidh.
Hug, &c.

Tha Samhradh an òr-chuil
A' riaghladh le mòr-chuis,

* Le h-eigh.

'S an saoghal ri sòlas
Gu'n d' fhógair e 'm fuachd.
Hug, &c.

Na h-eòin 's iad ri coireal
Feadh ghrianan na coille,
'S na sóbhraichean soilleur
'Cur loinn' air gach bruaich.
Hug, &c.

Tha 'ghrian feadh nan glacagan
Gormanach, fasgach,
'S gu'm b'aoibhinn bhi leatsa
A' dearc' air än snuagh !
Hug, &c.

'S do shnuagh féin cho greannor
Ri gàire an t- Samhraidh
Feadh fhlùran a' dannsadh
'S na gleannta mu'n cuairt !
Hug, &c.

O ! tiugainn, a leannain,
Do choille nam meangan,
'S gu'n ùraich sinn gealladh
'Bhi tairis gu buan.
Hug, &c.

S. M.

5.—RUAIRIDH MAC AILPEIN DUIBH.

(*O'n Bhéurla.*)

Gu'm bu slàn do'n mhor-ghaisgeach
Thig o chasgairt a' bhiùi ;
Onoir 'us biùthas do'n ghiùsaich nach crion !
Gu'm bu buan 'nä gheal- bhrataich
A' chraobh ghaganach dhù'-ghorm,

'S sìol tréun an tigh' mhùirnich
F' à dlù'-dhos 'g ä dhion !
Téarnadh o neàmh an driùchd,
Dìreadh o làr an sùgh
A bhrùchdas le lùisreadh
Roi' fhiùran gach meòir ;
Fuaim biodh 'an tìr nam beann,
Luaidh aig gach glaic 'us gleann
Ruairidh Mhic Ailpein duibh, hi é, ho ró !

Cha bi cuiseag an fhuarain,
Bhios uaine mu Bhealtuinn,
Gu searg anns a' gheamhradh,
Craobh cheannaird ar slòigh ;
'Nuair sguabas sìon gàbhaidh
Gach blàth air a' chruach-bheinn,
'S ann is mò ni Clann Ailpein
De dh-uaill as à cròic !
Fuaighte ri creag nan colg,
Suainte mu bhràigh' nan sgolb,
'S dlùithe ni 'n rua'-fhreumhach
Suaineadh mu'n sgòrr ;
Braid-alban bheir luaidh air 'ainm,
Tiathaich bheir cìs dö dhream,
Ruairidh, &c.

Gu'm b'àrd sgal ar pioba
'N àm dìreadh Ghlinn-fraoine,
'S bha 'm Bàn-choire 'g gaoir
'Nuair a ghlaodh sinn an t-àr !
Thuit seòid Locha-laoiminn
Fo phaoichdibh ar dù'-lann,
Chaidh smùid ri Gleann-lùis,
'S chuir sinn Dù'-ros 'nä smàl !
Mìn-mhnathan òg nan Gall
Cian bi'dh iad brònach fann,
A' cuimhneachadh éuchd
Nam fear tréun anns an tòir ;

Liòbhunn, air fad à fuinn,
Fiamhach roi' sgairt an t-suinn,
Ruairidh, &c.

Hùg air an àrd-ramhaich
Fo Armunn nan Stùc-bheann!
Sùrd, a chlann-dùchais,
Fo'n fhiùran gun spìd!
A righ! nach robh ùr-ros
An driùchd-eilein uain' ud
A' tàladh gu dualach
Mu'n chruaidh-ghallan ghrìnn!
Righ! nach robh faillean nuadh,
Cuimte ri crann nam buadh,
'Cìnntinn, gu h-uallach,
'S gach dualchas bu nòs!
Fuaim bhiodh aig tìr nam beann
Luaidh aig gach glaic 'us gleann,
Ruairidh, &c.

E. Mac Lachluinn.

6.—ILLEAN MO GHAOIL.

Fonn—"Banks of the Devon."

O! ILLEAN* mo ghaoil,
Gabhaibh beannachd le 'r dùthaich;
O! illean mo ghaoil,
O'n is éudar bhi falbh!

Hó illean, bi'bh sùnndach,
A' fàgail 'ur dùcha,
Gun eagal gun chùram
Roi' ghiùlan nan arm;

---

* Ghillean.

Na tionndai'bh 'ur cùlaobh
Ri luaidhe no fùdar,
'S 'ur naimhdean bi'dh brùite
'N uair bhrùchdas 'ur fearg!

G'aibh beannachd le'r nìonagan
Blà'-shuileach, mìogacha,
Cuaileanach, slìomharra,
Mìn-ghruaidheach, dearg;
Gus an uair air an tìll sibh
'S libh buaidh-larach, cìnnteach,
'S 'nur cridheachaibh fìllte
An iòmhaigh 'säu dealbh!

'S 'nuair thilleas sibh, sàbhailt'
O chunnart nam blàra,
O thinneasaibh Nàduir,
'S o ghàbhadh na fairg',—
'Ur sporain bi'dh dìnnte,
'S libh cliù 'us toil-ìnntinn;
'S an uaighibh ur Sìnnsir
Gu'n sìnear 'ur marbh.

CRUACHAN.

7.—AOIRIG ÀILL.

Fonn—"*Comin' thro' the rye.*"

AOIRIG àill au àr-fhuilt chlannaich,
Bha mi uair 'stu réith;
Ach, Aoirig àillidh 'chuailein channaich
Chaill mi dhiot mo spéis.

Do ghealladh gràidh gu'n d' fhuair mi e,
'S do ghruaidh ri m' ghruaidh fo dhéur,

'S an uair sin b' àirde fonn mo chrìdh'
Na aoibhneas rìgh fo'n spéur!
Aoirig àill, &c.

Mo smuaintean bha iad sòlasach,
'S mo mhiann an tòir air féum;—
Ach sgaoil mo chonn, 'us thréig mo sgoinn
O 'n rinn thu 'n fhoill 's a' bhréug.
Aoirig àill, &c.

Cha tùrainn gu'm biodh feall no gò
An cré cho bòidheach gléus;—
Ach mheall thu mi le d' shùgradh maoth,
'S le mànran caoin do bhéil.
Aoirig àill, &c.

Bu ghràdh leam, uair, bhi sùgradh riut
Fo sgàile dlùth nan géug;—
Ach, riabh o'n thaobh thu 'n cìobair Gallda,
Chaill mi dhiot mo spéis.
Aoirig àill, &c.

Gu bràth cha bhuair thu mi le d' phòig.
'S ni 'n cuir mi dòigh ad sgéul;
Gu bràth cha-n earb mi as do bhòid
O'n fhuair mi eòl mu d' bhéus.
Aoirig àill, &c.

De d' bhòidean 'us de d' phògan
O! gur leòr na fhuair mi féin!
Oir dh' fhàg än éifeachd brònach mi
Seach òigear 'tha fo'n ghréin!
Aoirig àill, &c.

S. M.

8.—MÀIRI ANNA.

*Fonn**—"*Ìùrabh ho ì, rŏho éile,*
Ìùrabh ho ì, roho éile,
Horo ho ì, ŏho éile,
'S cian tha mì 's mo ghaol o chéile."

Ghabh mi cead an diugh de m' leannan,
Ise 'falbh 'us mise fanailt ;——
Dh' fhàg i mi mar uan air fannal,
A' caoidh a mhàthar, O ! 'Mhàiri Anna !

'S bòidheach géug 'nà h-éide Samhraidh,
'S eòin nan spéur a' séinn 'nà meangaibh,
Gach uile chréutair éibhinn seannsail—
'S mise leam féin a' caoidh na chaill mi.

'S tiamhaidh leam—a' choill 's na gleannain
Far am b' àbhaist duinn 'bhi tional
Shòbhrach à bhlàir, 's bhlàth nam meangan,
An diugh iad fàs—gun Mhàiri Anna !

'S binn a' chuthag 'seinn le cairim,
'S binn an smeòrach 'n 'ògan daraich,
'S binn an téud o'n mhéur 'an tarruing,
Ach, 's binne guth-béil Màiri Anna.

'S àluinn à com, 's à béus banail,
Sgàthan à crì à miog-shuil mheallach ;
'S ni bheil Gàel 'an gleann a' bharraich
Nach d' thug gràdh do Mhàiri Anna.

O ! na'n robh mi 'n riochd na h-eala,
'N long 's na ghluais i 's luath gu'n leanainn,
'S ghabhainn tàmh 'am bàrr à cranna,
Shealltuinn 'bhàn air Màiri Anna.

---

* No,—"*Mo rùn an diugh mar an dé thu.*"

Ach, ged rinn an cuan ar sgaradh,
'S ged theid bliadhnai cianail tharainn ;—
Gus an sgar om' chom an t-anam
'S leat mo ghràdh, a Mhàiri Anna.

CRUACHAN.

9.—AN T-OIGEAR UALLACH.

Fonn—"An Gille guanach."

'S E 'n t-òigear uallach
A sheòl thar chuan uainn
'Rinn m' fhàgail truagh dheth,
'S a luaisg mo chrìdh' :
A fhleasgaich uasail
An leadain dualaich,
Tha mi fo ghruaim
O'n a dh' fhàg thu 'n tìr !

Ged thig an Samhradh
Le 'thrusgan greannar
A sgeadach ghleann agus bheann le 'lìth,
Cha tog e fonn
Air mo chridhe trom-sa ;
Tha 'n saoghal lom leam 's mo shonn am dhìth !

Cha b'ionann m' àbhaist
An uair bu ghnàth leam
Bhi 'n glaic mo ghràdhaich air sgàth na frìth !
An duilleach uaine
'Nä sgàil mu'n cuairt duinn,
'S ä thrusgan snuaghar mu bhruaich a' ghlìnn.

An coireal ceòlmhor
Air feadh nan cròchd-mheur,
'S an t-eas, gu bòidheach, a' dòrtadh stìll ;
An crodh air àilean,

'S an teas 'gän sàrach,
'S na laoigh le h-àilleas ri h-àbhachd dhuinn.

An t-òigear dualach
'S ä cheann an cluain rium
A' gabhail dhuanag á 'chuanal bìnn;
Treis eil' air brìodal,
Gu milis mìogach,
'S mo chneas dlu'-fìllte
'Nä mhìn-ghlaic ghrìnn.

An sin b' e m' àilleas
A' choill' 's na blàithean,
'S 'bhi tathaich fàsaich 'us sgàil na frìth
Le m' òigear àluinn,
Do 'n d' thug mi 'n gràdh sin
A dhùisg dhomh cràdh o'n a dh' fhàg e'n tìr.

An t-òigear àillidh
A sheòl air sàile
Gu fonn Ostràili an àraich mhìn;
Gu'n leag e sàrach
Air m' uchd-sa 'n dràsta
A chuir 'an càs mi o'n dh'fhàg e'n tìr.

S. M.

10.—AN ÒIGHE ÀLUINN.

'Òigh' air an éircadh na dàin,
Thug dhòmhsa do ghràdh 'an geall,
Tha d' ùrla mar òg-ré,
Mar chanach an t-sléibh do chom.
'S tu 'n ainnir a's tuinidh do m' ghràdh,
Gur taitneach do mhànran leam;
Na'm b' aithne, gu'n cuirinn an céill
Do bharrachd le gléus nam fonn.

Fonn—"Mo mhùirnin dìleas."

TOGAM dàn air an òighe a's bò'iche 's a's àillidh',
A's lìomharra còmhradh 's a's còmhnairde gnàth;
Tha à snuagh mar an neòinean, 's à pòg mar shuth gàraidh,
B'e 'n t-aoibhneas leam caoineas na maidinne 's àillt'.
Tha fòghlum 'us stuaime 'nà gluasad 's 'nà cànan,
Tha àillteachd u's su'ailce 'nà gruaidh chuimir nàraich;
Tha ciùine, mar dhriùchd tigh'n gu dlù as na h-àrdaibh,
'Nà h-ùrla ghloin, ùir, o am mùirniche fàilt'.

Tha à déud geal, mar éiteig, 's e réith 's a' bheul àluinn,
O'n éisdear, le h-éibhneas, mar théud-cheòl na dàin;
Tha à cuailean 'nä dhualagaibh cuach-bhuidhe fàinneach,
'S à caoin-bhruinne cuannda mar chuan-eala 'snàmh.
A sùil ghorm gun bhruaidlean mar fhuaran nan àrd-bheann,
'S an léughar à smuaintean gun du'ailc', mar 'an sgàthan;
Gach buaidh 'thariut fuaighte cha luaidhear gu bràth leam,—
'Stu Ban-righ nam buadh 'am measg ghruagach an àil!

Ged 's éibhinn bhi 'g éisdeachd ri téis nam bìnn-chlàrsach,
Ged 's éibhneach an Fhéil mar ri Eud nan deal chàird';
Gu'n tréiginn gu léir iad, 's g'un léumainn a mhànran
Ri m' éudail—leinn féin anns a' ghéug-choille fhàis;
B'e 'n sòlas ar còmhradh—gun dò-bheairt—ge bàigheil—
Bhiodh d' fhoillsichean maidionnail 'boillsgeadh 'ad àbhachd,
Bhiodh d' ìnntinn, 'nà h-uaillse, 'strì buaidh thoirt air d' àilleachd,
Is d' ìnntinn 's do thuar—fada shuas os ceann chàich.

ABRACH.

11.—AN ÉURADH GHOGAIDEACH.

Fonn—"'S céutach a' chailc dhubh."

DHIULT thu mi, Anna bhàn,
Ged thug mi gràdh ro bharràch dhut,

'S ged dhiùlt thu mi, Anna bhàn,
Cha d' fhuair thu fathast céile!

Tha thu ladhach 's tha thu fòil,
'S tu cho mìn ri bàrr an fheòir,
Ach, O! tha 'n tubaist ort le pròis,
Ged tha do bheòlaint éiginn.

Bh' fhearr dhut a bhi 'n leaba bhlàth,
'S cuilidh pailt bhi air do sgàth,
Na feitheamh ris an fhleasgach bhàth
Nach fhios gu bràth an léur dhut.

Comhairle gabh uam 's an uair,
Ris an ath fhear na bi fuar,
No bi'dh tu d' athann aig an t-sluagh,
'S gu'n gabh do chluasan déireach.

A nis o'n chuir thu riumsa cùl,
Geda chuir mi annad dùil,
Gu'n toir mi sgrìob air feadh na dùch',
'S cha chùis mur faigh mi t'éile.

Tha cruinneag òg taobh shios a' chaoil,
'S bi'dh i deònach, bhi ri m' thaobh,
Ach, geda dhiùltadh i à gaol,
Gu'm bithinn faoin mu d' dhéibhinns'.

Oir dhiùlt thu mi, Anna bhàn,
Ged thug mi gràdh ro bharrach dhut,
'S ged dhiùlt thu mi, bhanasgal,
Cha d' fhuair thu fathast céile!

I. M. D.

12.—AM FONN.

Fonn—"An nochd gur faoin mo chadal dhomh."

O! SID am fonn a chuala mi
An uair a bha mi òg,

Mi 'n cluain ri uchd mo mhàthar,
Is mo chridhe 'snamh 'nà ceòl ;
'S 'nu'r chuala mi a rithist e,
Aig nighinn ghil nam bò,
Gu'n thàlaidh i mo chridhe leis,
'S mi mireagaich mu'n chrò !

Bu tric, o sin, 'gà chlàistinn mi
Mu eadradh, àrd-thra nòin,
'S mi beadradh, air an àiridh,
Ri mo Mhàiri àillidh, òig ;
No feadh nan glacag fàileanta
'S an tàrladh dhuinn, gun ghò,
Bhi coinneachadh, gu mànranach,
Fo sgàilean Choill nan cnò.

Ach b' éiginn dòmhs' an àiridh
Agus Màiri chur air chùl,
Is siubhal fad o'n àite sin
'S an robh mo ghràdh is m' ùigh,
A sheasamh, anns na blàir,
An aghaidh nàmhaidean ar dùch :—
'S an latha dh'fhàg mi 'm Bràighe
Righ ! bu chràiteach m' aigne, brùit' !

O ! sid am fonn a chuala mi,
'S a chuaileinich mu m' chrìdh',
A's tric a dhùisg dhomh sealladh
Air mo leannan, 's air mo thìr ;
An uair a bhithinn airtealach,
'Nam chairtealan, le sgìos,
Gun taislicheadh e m' anam
'Nuair a chanainn e leam fhìn !

Ach thog am fonn an tràsa dhomh
Fàth cànrain agus bròin ;
Oir dhùisg e ìomhaigh Màiri
Is mo mhàthar, 'siad fo'n fhòid—

Gach caochladh agus sàrach
Thainig air na Gàidhil chòir,
O'n àm 's na bhuail an dàn ud mi
Le gràdh, 'nuair bha mi òg!

EAGAR.

13.—AN CAR CLIS.

Fonn—"*Dh' fhàg thu mi fo bhròn.*"

DH' fhàgadh mi fo bhròn
O'n a phòs an té
Air an robh mi 'n tòir,
Seònaid a' chuil réith.

Chaidh mi 'n de 'nà còdhail,
'S bhòidich i bhi 'm réir,—
"Chaoidh nan caoidh cha phòs mi
Oigear ach thu fein;"—
Ach 'nu'r thìll i dhachaigh
(Bean na gaise bréig!)
Bhris i air à bòid—
Chòrd i ri fear spréidh'!

'S trom a dh' fhàg i m' inntinn,
'S fonn mo chrìdh' gun ghléus,
Chionn a' bheairt a rinn i,
'S nach do thoill mi béud;—
Thug mi gaol mo chrìdh' dhi,
'S dhìbir i mo spéis;—
Bhris i air à bòid—
'S chòrd i ri fear spréidh'!

'S gòrach fear 'bheir gaol
Do mhnaoi a ta fo'n ghréin,
'S iad cho carach luaineach
Ri gaoith-chuairt nan spéur!

'S dearbh gur fior an ailis
Air mo leannan *bréig*'—
Bhris i air à bòid—
Phòs i am fear spréidh !

EAGAR.

14.—CUMHA CHRUACHAIN.

THA 'n Cruachan gu dubhach,
A' cumhadh nan uaislean ;
'S tiamhaidh torman ä shruithin,
A choilltean th' iar dubhadh,
Agus 'eunlaidh fo phuthar
An dubhar ä bhruachan !

Ann am Prìoraid Aird-chatain
Tha 'mhaca 'nän suainich,
Fo stéigh nam mùr liatha
D'an éideadh an ia'-shlat,
'Us cuiseagan cianail
'Sileadh dhiar air än uaighean.

Có 'dhìreas ä Làirig
De na b'àbhaist ä chuartach !
Tha Gleann-nodha gun àiteach,
'S an Leitir 'nà fàsach,
'S äm fàrdaichean blàtha
'N än càrnaichibh fuara !

Cha-n eil pìob air na Casain,
No bratach a' gluasad ;
Agus Caol-churn nan glas-stuadh
Ag aomadh 's a' brachdadh,
'S ä dhaoin' anns a' Chlachan,
Fo ghlais nan clach fuara.

O'n ghiorraich air m' anail,
'S a dh' fhannaich mo ghluasad,

'S nach dìrich mi 'n Coire,
Thoirt féidh as ä mhonadh,
Ceud soiridh, ceud soiridh,
Ceud soiridh le Cruachan !

CRUACHAN.

15.—THUIRT MO MHÀTHAIR RIUM.

Fonn—" *To daunton me.*"

THUIRT mo mhàthair rium,—
" Mura gabh thu Callum ruadh,
Cha bhi cinneachadh no buaidh,
Fad do shaoghail, ort."
Thuirt mo mhàthair rium,—
" Mura gabh thu Callum ruadh,
'S truagh gur mise té fhuair idir
Leith'd de shaothair riut."

'S tric a dh' éisd mi toirmrich
Nan easan dubh so shuas,
'S tric a dh' éisd mi colg-fhead
Na stoirme o thuath,—
Ion cho bìnn leam 'bhi cluinntinn
Air Callum a bhi luaidh ;—
Gus an aom na sruithin suas
Chaoidh cha taobh mi e.

Thuirt, &c.

An raoir air an àiridh
(Bu ghràdhach bhi ann !)
Mo làmh gu'n d' fhuair Pàraig,
Fear bàn nan ciabh fann ;
Biodh mo mhàthair 's mo bhràthair
'S mo chàirdean orra 'n geall,
Ach Callum chaoidh ni 'm meall
Le 'chuid caorach mi !

Thuirt, &c.

Nach truagh libh mi, 'òighean
Nan òg-bhroilleach tlàth,
Bhi 'gam fhòirneadh gun deòin
Air fear-stòrais gun ghràdh ?
'S gura deònaich', á chòta, leam
Og-Pharaig Bàn
Na Callum 's ä chuid tàintean
'S ä raointean leò !

Thainig Pàraig 'us chuairt-ghlac e
'N nuadh-ainnir òg ;
Las an deirge 'nä ghruaidh
'N u'r a chual e à ceòl ;—
" Cha toir uam thu, a luaidh,
Cinneadh, cruadal, no stòr,
'S bi'dh mi sona fad mo chuairt
Air an t-saoghal leat !"

S. M.

16.—CUMHA IONAR-GHAIRIDH.

Fonn—" Muile nam mòr-bheann."

Mi 'g amharc mu'n cuairt air bruachaibh Ghairidh,
Tha m' aigne fo ghruaim gun luaidh air aighir,
Is Tùr nan clach uaine fuar gun chairim,
Ge b'aobhach fathrumach, uair, e !

Air Tùr nan clach uaine, uair, cha b'aineolach
Gliongar nan cuach aig cuanal barraicht'
De rogha nan uaislean, cuairt fo cheanal
'An stuaigh a' Ghleannaich bu shuairce.

Bhiodh inneal nan nual a b'fhuaim-mhor callan
A' taomadh na cuairte dual 's an talla ;
Is filidh nan duan 'cur suas na h-ealaidh
A' luaidh air sean-nos nan cruaidh-bheum.

Bhiodh mnathan nan dualag cuachach, mar-ris
A' cheannard a b' uaisle tuar 'us canachd:
De 'n bha 'san Taobh-tuath b' e luaidh nam pannal,
Air suairceas, Alastair Uaibhreach.

Ach, 's cadal gun suain (mo nuar!) do cheannard
A choisinn a' bhuaidh "air chuan 's air thalamh;"*—
'S o'n chaidh e 's an uaigh mheath snuagh ä thighe,
'S tha Gruaim 'gä thathaich gu duaichnidh!

Tha coille nan géug bu chéutaich' meangan
Gu dubhach, fo spéur nan néul uach geanail;
'Us Casain nan stéud gun ghléus, gun teanal,
Aig féur fo cheannas 's aig luachair!

Air gàradh nan ròs 's nan òighean geala
Tha aogasg a' bhròin gu mòr iar laidhe,
O'n ghluaiseadh na ròis bu bhòi'che sealladh,
Sliochd òg an tighe, o'n dualchas.

Tha Cianalas trom gun fhonn 's an talla;
Tha Sàmhchair mu'n Tom† a b' fhonnar ath-ghuth
'Nuair shiùbhladh an Sonn le dhonn-eich mheara
'Na charbad dealain air chuairt uainn!

Tha filidh nan duan gun luaidh air gaisge
O'n chuireadh 's an tuam ceann-sluaigh nan caisteal;—
Chaidh ceòl nan dos dualach suas a thasgaidh,
'S an sròl a phasgadh fo ghruaman.

'S e mheudaich mo bhròn—an t-òigear allail,
An Sàr, Aonghas Og, 'an Cnòideart thall-ud,
Bhi 'g imeachd o shlògh, 's o nòs, car tamuill,
'S o chòir ä Sheanar, thar chuaintean.

S. M.

---

* "Per MARE per TERRAS."
† Tom Iain 'ic Dhùghaill.

17.—AN T-ÀRMUNN GUN SPÌD.

Fonn—"*Fhìr a dhìrcas am Bealach,*
Beir mo shoiridh do 'n ghleann so shuas."

Gur a diomhain bhi 'g athris
A' chion a thug m'anam do m'Luaidh,—
N'a ràdh—" air ä sgàth-san
Gu'n strìocainn do 'n bhàs, air a chruas ;"—
Cha dean briathran ach duathar
A chur air baoth-smuaintibh mo chìnn ;
Agus cainnt cha dean stàth dhomh
A thaisbeanadh cràdhlaidh mo chrì'.
Air faillirinn illirinn
Uillirinn òro laoigh,
Tha m' inntinn fo aimcheist
Nach cuirear le seanchas 'an suim !

Och, ochan ! mo chràdhladh !
Ard-ealaidh no dànachd ro bhìnn
Cha-n fhoillsich trom-shàrach'
Mo ghràidh dhut, òg-àrmuinn gun spìd !—
'S o 'n 's gaol e le briathraibh
Nach gabh cur gu siorruidh an céill
Gu'n glais mi gu sior e
An tasgaidh an dìomhair mo chre !
Air faillirinn, &c.

'Stric a mhol thu mo chòmhradh—
" Mo ghuth leat cho ceòlmhor ri ian
A chuireadh air fògradh
Gach ceal agus bròn uat mar shian ;"—
Nuair a bhiomaid gu dealach'
" Bu chaoin 'us cho mealach leat 'fhonn
'S nuair a theirinn-sa " *soiridh* "
Gu'n dùisgeadh e sonas ad chom" !

Air faillirinn illirinn
Uillirinn òro laoigh,
Tha m' ìnntinn fo aimcheist
Nach cuirear le seanchas 'an suim !

ABRACH.

13.—AM BUAIREADH.

Fonn—"*Go to Berwick, Johnnie.*"

O ! iorghuill ort, iorghuill ort,
O ! iorghuill ort, Anna,
O ! iorghuill 'us iorghuill ort,
Fuirich as mo charabh !

Thug mi mionnan mòr,
('S còir ăn cumail daingean)
Fuireach, fad mo bheò,
Mar bu chòir do mhanach.

Ach, 'nuair thig thu 'm dhàil,
Tàirngidh tu leat m' anam,
Mar a ni 'n lia-thàil*
Snàthadag a' mharaich' !

Falaich uam do ghnùis,—
Ciùrrar mi le 'dealan,
Eadar gath do shùl
'S lùbagan na lainnir !

Ni do mhala dhonn,
(Crom mar bhogha-saighid)
Guin a chur 'am chom
Ceart cho trom ri claidheamh !

Tha do bhilean blàth
'Tàladh a chum meallaidh ;—

---

* A' chlach-thàl*aidh*

Dhùraiginn—ach, â !
Cùm iad as mo shealladh !

Fuirich, fuirich thall
Mu'n tog clann dhe d' anail
Iomairt ann am cheann
'Bheir fo gheall mi baileach !

Cuiridh tu, le d' bhòi'ch',
Mionnan mòr as m' aire ;
Mura fan thu fòil,
Gòisnichidh tu manach !

EAGAR.

19.—AN CION-FALAICH.

Fonn—" Mac Ghriogair a Rua'shruth."

OCH ! tha cianal air m'aigne
'Dh' fhàg mi fada fo bhruaidlean,
O nach faod mi bhi 'g aithris
A' chion-fhalaich so bhuair mi !
O nach faod mi 'bhi tachairt
Anns na glacagaibh uaine,
No 'bhi mànran ri m' leannan
Fo'n ghealaich, 'an uaigneas !

Gu'n robh uair, 's b'e mo thaitneas
I 'bhi paisgte 'nam shuainich,
Fo fhasgadh an daraich,
No fo challaid na bruaiche :—
'S ged bu ghràdhach ar còmhradh
Cha bhiodh dò-bheairt 'nar smuaintibh—
Ach dh'imich mo shòlas
Le dò-chainnt luchd-tuaileis !

Tha mi nise, 'nam ònar,
Feadh na h-òg-choille gluasad,

'S mi cnuasachadh òrain
Gus mo bhròn dhiom a luasgadh ;
Ach tha truimead air m' aigne
Nach cuir facail air fuadach—
O ! 's e 'm buaireadh an gaol sin
Nach faodar 'bhi luaidh air !

EAGAR.

20.—AM FIADH.

O ! Càit' am facas,
A' falbh air faiche,
A' siubhal leacuinn,
No 'g astar sléibh',—
Le 'bhian dearg maiseach
Le sheang-chruth bras-mhear,—
'Bu bhòidhche pearsa
Na mac an fhéidh ?

A chuinnean fiata
'S a' ghaoith', 's e 'dian-ruith
Feadh thoman riabhach
Nan cian-bheann ceò ;
Le 'àrd-uchd àluinn,
Le 'chabar cràcach,
'S le eangaibh sàr-chlis
An àm na tòir' ?

Gur binn 'am chluasaibh
An langan uaibhreach
A thig o'n rua'-ghreigh
O'n chruachan àrd ;
Gur grinn air fuaran
An eilid chuannda
'S à laogh mu'n cuairt d'i
Ri luaineis bhàth.

An cluas—gu claisteachd—
An sùil—gu faicinn—
An cinn 's än casan
Co-ghrad gu léir!—
B 'i 'n obair uasal
A bhi 'g än cuartach,
'S a' caitheamh luaidhe
Le buaidh 'nän déigh.

Gur tric a dh' éirich mi
'Shiubhal sléibhe
Roi shoillse gréine,
'S a rinn mo làmh
An làn-damh nuallach
A chur 'nä thuaineal,
'S ä thoirt gu h-uallach
O'n fhuaran bhlàr:

Ach, nis', on ghéill iad,—
Mo neart 's mo spéirid—
'S nach dean mi éirigh
Ach mall, gu triall;
Cha tog mi aonach
Le gaodhar aotrom;
'S cha dean mi faobhach
Air sraod nam bian!

S. M.

21.—TRÀGHADH MO DHUCHA.

Fonn—"*Faillirinn, illirinn, uillirinn,*" *&c.**

'Se tràghadh mo dhùcha
A dhrùigh air mo chom;—
I 'mùthadh 's a' tiùnndadh
Mar ùspairt nan tonn;

* No,—"*'Se giùlan a' ghunna.*"

Na fìr-Ghàeil dhìleas
A' dìobairt nan tom,
Is cìobairean dìblidh
Feadh fhrìthean nan sonn !

Ceud soiridh beir uamsa
Gu Cruachan a' cheò,
Far am biodh an crodh guaillionn
'N äm buailtibh mu'n chrò,
Mar sin 's na fir thréubhach
Gu h-éuchd ri uchd gleòis ;—
Le iomairt än lannta
Bhiodh naimhdean fo leòn.

'S tric mi 'cuimhneach nan tràithean
'S nan làithean a bh' ann,
An àm 'bhi air àiridh
Feadh fhàsach nan gleann ;—
Ar n-inntinnean saora
Mar ghaoithibh nam beann,
'S an eunlaidh ri ceòl dhuinn
'An cròcaibh nam meang'.

'Nu'r dhonnadh na spéuran,
'S a théarnadh a' ghrian
A chòmhdach à sùla
F' à cùirtein 's an Iar,
'S gach créutair a' tàrsuinn
Gu tàmh air an t-sliabh—
Gu'm bithinns' 's mo ghràdhag
Fo sgàile nan giag.

Ar leaba 's ar cluasag
An luachair 's am fraoch ;
Ann am breacan mo ghuaille
I suainte, ri m' thaobh ;
An tlà'-shuain a' tùirling
M'ar sùilibh gu caomh,

'S ar cridheachan ionraic
A' dlùthadh 'an gaol.

Bhiodh Ban-righ na h-oïche,
(Mar oidhr' air a ghréin)
Le h-aoibhneas à boisgidh
A' soillseach' an t-sléibh,
'S a' snàmh-ruith à cùrsa
Air dlù'-bhrat nan réul,—
Gun torman bho 'casaibh
Gun fhacal á 'béul,

Gach lochan 'nä sgàthan
Fo à pràmh-sholus caoin,
Is eunlaidh än tràghad
A' gàirich le faoilt';
An t-àile bu chùbhraidh'
Bho stùcaibh an fhraoich;
'Us osnaichean ciùine
A' dùsgadh nan craobh.

Bhiodh toirmrich nan dian-eas
A' lionadh nan spéur,
Agus caoidhrean nan alltan
Mar ghlaodh a' fann-éug;
An ian-ghobhrag chianail
'An lianaig an réisg;
'S a' chomhachag thùrsach
'S pu-hù aic' air géig.

Mu ghlasadh na Soillse,
Air staidhribh nan càrn,
Bhiodh an rua'-choileach uaibhreach
A' gluasad le stàirnn;
An uiseag gu h-éibhinn
'S na spéuraibh le 'dàin
'Toirt còdhail bhinn-cheòlaich
Do Lòchran an là.

'Nuair thàrladh an t-eadradh,
Am leigeil nam bà,
Bhiodh na gruagaichean uallach,
Gu cuaileanach, tlàth,—
An cridheachan éibhinn
A' léumraich gu h-àrd,—
'S gach té dhiu 's pruh-ghé aic
Ag éubhach an àil.

Ach, an dràst, tha gach àite
'N robh àirich 'us tuath
'N äm fàsaichibh bàna,
Gun àiteach gun sluagh;
Na h-àrois 'bha àillidh
'Nän càrnaibh gun tuar,
'S na Gàeil bha 'n tàmh annt
A' cràmh anns an uaigh!

CRUACHAN.

22.—AN GILLE FADA MÒR.

Fonn—"*The bold Dragoon.*"

BHA cailleach bheairteach uair ann
A thug luaidh do lasgair òg,
Agus thilgeadh i air damh-shuilean,
Am falach, troi' à cròig;
A' chailleach bhaoth, le 'priobail chlaoin,
Le 'currac caol, le 'maoil, 's le 'starradh,
Saoil am fòghnadh leath' ach laoch
Le 'dhos gaoisid 's a' ghaoith ri fathrum?
Lann fhada chaol air, fà, là, hì hŏ, hărŏ,
Srann-each 'us taod as, ìr ir iho ré!

Suil sgleòchdach bha 'nà h-aodunn,
Ach à caochladh ni 'n robh ann;

Agus ìnnsidh mi an t-aobhar,—
Thà,—nach robh ach aon 'nà ceann :
An ruinnseach fhaoin, le 'priobail chlaoin,
Cha chumadh i à h-aon-suil farast,
Ach a' dìdil air an laoch
Le 'dhos gaoisid 's a' ghaoith ri fathrum !
'S lann fhada chaol air, fà, là, hì ro, haro,
'Srann-each 'us taod as, ìr ir iho ré.

Bha a' chailleach geamhtach garbh,
'Us an t-armair fada caol ;
Bha eis' mar mhìle fad' air faich',
'Us is' mar chloich ri 'thaobh :
A' chutag fhaoin, le 'priobail chlaoin,
Le 'sealladh taoibh, le 'staoin 's le 'starradh,
Saoil nach duirt i ris an laoch,
" 'S tu mo ghaol,—ma's a caomh leat caileag ;
Lann fhada chaol ort, fà, là, hì ro, haro,"
Sannt oirre 's braoisg ris, ìr ir iho hé !

Gu grad gu'n d' thug e 'n àilleag ud
O'n àltair dachaigh pòsta,
Ged chnacadh tu na cnothan
Eadar comh à smig 's à sròine ;—
Le 'priobail chlaoin, a' chailleach fhaoin,
Gu'n d' thug an laoch ä ghaolach dhachaigh,
'S i 'nà gurach air ä chùlaobh
Air rùmp an eich chrùthaich, shrannaich ;
Lann fhada chaol air, hao ri, ri 'thaobh a' glagraich,
Clann 's iad a' glaodhaich, " i hi ri, hi rì !"

Gur gann a dh' imich bliadhna
Gus na thiodhlaic e i 'n toll,
'Us an creamh a dh'at a 'shùilean
Thilg e, sùgach, anns a' pholl !
An gille sùrdail chaidh e rùrach
C'àit' an robh na pùinnd am falach,
'Us gu'n d' fhuair e ann deich mìle,

'S air chìnnte cha b'ion 'bhi talach ;
Lann fhada chaol air, 'us daorach le
maoin na caillich ;
Buaidh air, mo laochan ! ìr ir iho ré.

S. M.

23.—O ! GUR BRÒNACH M' ANAM FO SPROCHD.

Fonn—" Dheanainn sùgradh ris an ni'n duibh,
Agus éirigh anns a' mhaduinn."

O ! GUR brònach m' anam fo sprochd,
O'n a dh' fhògradh uam mo leannan !
O ! gur brònach m' aigne gun chlos !

Tha mo chridhe trom, fo éislean,
'S cian an t-Eibhneas orm air aineol.
O ! gur brònach, &c.

O'n a chaidh mo Rùn uam fhuadach,
Chaidh mo shuaimhneas orm 'am mearachd.
O ! gur brònach, &c.

'Nuair a dh'éireas mi gur cràiteach
Mi, fo phràmh, a' caoidh mo leannain.
O ! gur brònach, &c.

'Nuair a ghabhas mi gu tàmh
Cha chlos a's gnàth leam ach a' chairis.
O ! gur brònach, &c.

Righ ! cha b' ionann m' fhonn 'nuair b' àbhaist
Dhomh bhi mànran ris an ainnir.
O ! gur brònach, &c.

'S i an cluain gu daingean dlùth rium
Air fraoch ùr nan cùirnean meala.
O ! gur brònach, &c.

Ach, tha gruaim a' bhròin iar sgaoileadh
O'n a thréig mo Ghaol am fearann.
O ! gur brònach, &c.

Och ! 'se 'm Bròn a's céile dhòmhsa
O'n a chaill mi 'n òg-bhean cheanail.
O ! gur brònach, &c.

S. M.

24.—ÉIDEADH NAN GÀEL.

Fonn—"*The Garb of Old Gaul.*"

Ann an éideadh nan Gàel,
Le tein'-àrdain na Ròimh',
'S ann o fhraoch-bheannaibh Alba
A dh' fhalbh sinn a chum gleòis,
Tìr a strìbhich na Ròimhich
Le fòirneart thoirt uainn,
Ach ar sìnnsearra chòmhraig,
'S mar sheòid thug iad buaidh !

Le sòghalas no féisdeachas
Ar féithean las cha-n fhàs ;
Cha toir ròic no ruidht oirnn strìocadh
Chum's gu'n dìobair sinn ar càil ;
'S i a' phìob a's àirde nual
A bhios 'gär gluasad gu blàr ;—
Sin an ceòl a chumas suas annainn
Cruadal nan Gàel.

'S co-chruaidh sinn ris na daragan
Tha thall-ud anns a' ghleann ;
Is co-luath sinn ris an eilid
Air nach beir ach an cù seang ;

Mar a' ghealach làn as t-fhoghar
Nochdar aghaidh ar cuid sgiath,
'S roimh 'r lannan guineach géur
Air Minérbha bi'dh fiamh !

Mar a shéideas a' ghaoth tuath
Air a' chuan a's gairge toirm,
'S ann mar sin a ni sinn brùchdadh
Air ar naimhde 'nùll gu borb ;
Mar chreaga trom a' tùirling orr'
Thig ùr-shiol nam beannta,
'G än caitheamh as le 'n tréuntas,
'S le géiread än lann.

Mar so, ar Lagh 's ar Rìgheachd
Gu'n dìonar leinn gu bràth ;—
Agus cath air taobh na Saorsa
Gu'm faoghlum sinn d' ar n-àl ;
Gus an diong iad fòs än seanairean
'Am fearalas 's 'an càil,
'S gus an cuir iad cìs gun tainng
Air an Fhraing 's air an Spàinn.

CRUACHAN.

25.—MÀIRI ÀLUINN BHÒIDHEACH.

Fonn—"Katherine Ogie."

A BHRUACHAN, uilld, 's a thulaichean,
Mu chaisteal Ionar-lòchaidh !
Gur taitneach leam ur sruthanan,
'S ur bruthaichean fo neòinean !
Mu'r cuairt biodh sàmhradh luiseanach
A' tuineachadh 'an cònaigh !
Oir 's ann a ghabh mi cead gu bràth
De m' Mhàiri àluinn bhòidhich !

Bu dosrach ciabh a' bharraich ghuirm,
Bu chùbhraidh 'n sgitheach blàth'or,
Is mi f' ä fhasgadh boltrach ùr,
'S mo rùn rium dlùth 'g à càradh.
Na h-uairean òir, air aingeal sgéith,
Grad, tharainn, chaidh, 'nar sòlas ;
Oir b' annsa leam na beatha gràdh
Mo Mhairi àluinn bòidhich' !

Le ioma bòid 'us mànran blàth
Mo ghràdh do rinn mi phògadh ;
'S a' gealltuinn tric à comhlachadh,
Ar dealachadh bha brònach ;
Ach O ! mo chreach, an reothadh-bàis
A mheath mo ghràdh 'nà h-ògan !
Gur fuar an uaigh, an t-aite-tàimh
Tha 'nis aig Mairi bhòidhich !

Ge fuar 's a' bhàs am beulan gràidh
A's tric a bha mi 'pògadh ;
Ge dùint' gu bràth a' mhiog-shuil bhlàth
Bha daonnan càirdeil dhòmhsa ;
'S 's an ùir ged thà an cridh' a' cràmh
A thug dhomh gràdh le deòthas ;
O ! 'n cridh' mo chuim bi'dh Bith gu bràth
Aig Màiri àluinn bhòidhich !

ABRACH.

26.—NIGHEAN NA H-ÒSTAIGE.

Fonn—" Go to the d——l and shake yourself."

Ail. " NACH céutach ni'an na h-òstaige,
'S i réidh air son a bhi còrdadh rith' ?
Is péurlainn uile 'ta còmhdach à muineil,
'S à deise gu buileach ro òrdamail !

Tha gùn de 'n mhusalin chlòigh' oirre,
Rud ùr o mhullach gu bròig oirre;
A ciabhan caisreach m' à leth-cheanna maiseach
'S iad slìomte le as-bhrigh nan ròsanan!

Gur cruinn o'n chrios chum à bòthain i!
Gur cuimt' à broilleach geal sòlasach!
A cùl 's à h-aghaidh air chumadh ion-raghaidh,
'S i, mar ri sin, ladhach gu còmhradh rith'."

Raon. "Ach, saoil thu, Ailein, an òl i deur?
Tha h-aodunn tuille 'us ròsach leam."
Ail. A Raonuill, fuirich, le d' sgeigealais ghuinich,—
Tha fios nach eil uircasabh fòghluim oirr'."

Raon. "Tha cainnt 'us gaise gu leòr aice;
Ri cèard gu'n cumadh i cònsachadh;
'S co-nimheil à teanga ri gòbhlaig na nathrach;
Gur mise a dh' fhăirich 's a chòmhdaich e.

Gur gnàth le banaig de 'seòrsa sin,—
Tha gaoid 's an ubhal ge bòidheach e,
Gabh uamsa sanuis, 'us seachainn i, Ailein,
No gabhaidh tu ăireachas sònraichte.

Ge riathach Anna Nic Dhònuill leat,
Gabh sios, 'us farraid am pòs i thu,
'S i màthair cloinne a's glice 's a's gloine
(A dh' aindeoin à loinne) na gròbag ud."

Ail. "A Raonuill, beannachd 'us tròcair ort,
A chionn na thug thu dhe d' chòmhradh dhomh,
Gu'n chuir thu as m' aire buinn bhuidhe na caillich,
'Us maise na caileige stòpanaich.

Ge riathach Anna Nic Dhònuill leam,
Mo riar gu'm farraid mi 'm pòs i mi;
'S i màthair cloinne a's glice 's a's gloine
(A dh-andeoin à loinne) na dòduman!"

EAGAR.

27.—NA'M FAIGHINN GILLE R'A CHEANNACH.

Fonn—" Gaol am Péutonach sùghor."

Na'm faighinn gille r'ä cheannach
A bheireadh beannachd gu Màiri,
'S mo shoiridh le caoineas
A dh-fhios na maidinn' a chràidh mi!
Ged nach d' thug mi dhut faithrean,
Ann am foill dhut cha d' fhàs mi;
'S mura math leam thu fallain,
Nara mheal mi mo shlàinte!

'Se d' fhuran a leòn mi,
A dh' fhàg am bròn so air m' aigne;
A thrumaich m' inntinn fo éislean;
Cha dean mi éirigh le gradadh:
Tha mo chridhe neo-shunndach;
Tha mi brùite fo m' aisnean;
Aig a mheud 's 'thug mi 'ghaol dut,
'S nach faod sinn 'bhi tachairt.

Ged 'chum mi 'm falach an sgéula,
Tha mi 'n déigh, o cheann treis', ort,
Aig a mhéud 's 'thug mi 'ghaol dut
Tha m' aodunn iar preasadh;
Dh' fhàs glaise 'nam ghruaidhean;—
'S bochd a' bhuaidh th' air an t-seirc sin
A chaochail mo shnuagh dhiom,
Mar dhuine truagh 'thig á teasaich!

Mura faigh mi do bhuannachd,
B' fhearr gu'm buailteadh mi thairis;
Gu'n cuirteadh fo lic mi
Ann an ciste chaoil dhainginn!

Ma ni thu mo thréigsinn,
B' fhearr gu'n éugainn, 's nach mairinn !—
Aig ä mheud 's thug mi 'spéis dhut
Cha bhi m' éibhneas air thalamh !

AILEAN DÙGHALLACH.

28.—LUINNEAG.

Fonn—" *Am breacan uallach.*"

Hò 'n ainnir éugmhaiseach,
Hò 'n ainnir bhòidheach, channach ;
Hò 'n ainnir éugmhaiseach,
Hò 'n ainnir òirdhearc, bhanail.

'Ainnir mhaiseach stuama,
Gur dual-bhuidh' do chuailean clannach,
D' aogas mar an neòinein,
'S do phògan air bhlas na meala.

Do ghruaidhean mar fhann-ròsan,
Beul bòidheach a rinn mo mhealladh ;
B' annsa leam do chòmhradh
Na còisridhean Ban-righ Shasonn !

Do ghluasad farasd' mòdhar
'An seòmar, no 'siubhal faiche ;
An eala, 'snamh nam mòr-thonn,
An òighe 's ro òrdheirc' maise.

Ge sgiamhach ìomhaigh d' aoduinn,
'S e d' fhaoghlum 'thug daors' air m' aigne ;
'Us ge h-àill do mhìn-chneas,
'S i d' inntinn fo chìs 'thug m' anam !

ABRACH.

29.—AN SEIM-GEINNE.

Fonn—"*Bob and Joan.*"

FÀGAIDH mi an gleann,—
Falbhaidh mi,—mo thogair,—
Theid mi feadh nan Gall
Feuch am faigh mi obair.

Cha-n eil feadh nan gleann
Ach du'-ghreann na bochdainn,
Daoine chion nan Ceann,
'S laosbuic gun na boicinn!
Iasg cha-n eil air allt,
Chuir an Gall 's a' phoit e—
'S ma thomhas tu ri manng,
'S ann a theid do chrochadh!

Dh' fhàs an sgadan gann,
Chinn an dram 'nä lochaibh;—
Dh' fhàs na feara fann,
'S chaill a' chlann am brochan!
Thraoigh am meas 's am miagh,
Lionmhoraich an drochbheairt;
Threig na daoine fial;
'S chaidh na Triathan toisgeal!

Chinn gach aonach lom,
Chaill am fonn ä thoradh;
Tha na cìsean trom
'S gun am bonn 's an sporan;
'S éudar dhomh bhi triall,
Tha gach sian 'gam ghonadh,—
Pàistean gun am biadh
'S luchd nam fiach 'gam sporadh!

Fhuair mi o Rob Gnùth
Dusan crùn a's droch-uair,
Ach cha-n fhaigh mi 'n dìol,
Slăn mo ghial, gun chosnadh;
Thàinig litir chruaidh
O'n mhaor ruadh a' nochdadh—
"Cuirear thu an sàs
Mura pàidh thu 'n nochd iad!"

Fhuair mi cota-mòr
O'n fhear chòir 's a' Chorpaich,
Sin 'us paithir bhròg
O'n fhear chròdach chrosta;
Ach, mu'm faigh mi 'n còrr,
'S dò gu'm bi mi corp-ruist',
'S nach eil duine beò
Dh' fhòireas air mo chlosaich!

Cha dean fuireach féum,
'S éudar a bhi bogadh;—
Tha mo cheann iar léum,
'S téumannan gu h-olc orm!
Teichidh mi 's an oïch'—
Chaoidh cha leig iad clos dhomh—
B' fhearr na so bhi marbh—
Falbhaidh mi 'san toitich!

EAGAR.

30.—AN CÀIRDEAS GUN FHOILL.

*Fonn**—"*Hill oho ro, oho ro, oho ro, hì.*"

TOGAM dàn air an òighe
'Bhiodh 'gam chòimh'dcachd 's gach cuairt;
Togam dàn air an òighe
A's òr-bhuidhe dual;

---

* No 21.—"*'Sc giùlan a' ghunna.*"

Togam dàn air an òighe
A's òr-dheirce snuagh ;—
Togaibh dàn na h-òigh' àluinne,—
Ailleag na stuaim'.

'S tric a bha mi 's mo ghràdh
Ann am fàsach na coill',
Ri fàrsan f' à sgàil,
Ann an càirdeas gun fhoill ;—
'Nà h-ònarachd shàmhaich
Fo 'blàth-dhosaibh caoimh
Bhiodh ar bruadair 's ar mànran,
Mar phàras na soills'.

'S tric a bha mi 's mo ghaoilean
An caolas nan long,
A' seòladh, gu h-aobhach,
Air aodunn nan tonn,—
A' ghealach a' taomadh
A caoin-ghath air fonn ;—
'S ar cridheachan saor
O gach baothais gun chonn.

'S tric a bha mi 's mo ghràdh
Ann an àros nan cliar,
Far 'n robh dàin, agus àilleas
A shàsachadh mhiann ;—
Ach phìll sinn ar céumna
O fhéill nam baoth-ghniomh,
Le h-osna 's le déur
Mu fhàl-bheusan gun rian.

'S tric a bha mi 'us m' éudail
Fo léus na ré ùir',
A' céum ri sruth-sléibhe
Leinn féin, fo réul-dhriùchd ;—
Thug beannachd do'n oïche
'S d' à caoin-sholus ciùin,—

'Us cràbhachd 'us caoimh
'Fàs, fo'n t-soillsean, 's gach rùn!

Dhomh fein 'us do m' ghaol
Gu'n robh 'n Gaol fein mar lòn;—
O! aobhachd nan aobhachd
Nach faoit' chur 'am mòid!
Ar cridhe 's ar n-anma
Co-aimligte,—'s fòs
Ar ceud-fathan eanchaidh
'S a' gheanmnachd bu nòs.

ABRACH.

31.—EALASAID.

Fonn—"*Gu'n d' thug mi 'n ionnsuidh bhearraideach.*"

GU'N tugainn ionnsuidh bhearraideach
Air dàn a sheinn air Ealasaid,
Nion àillidh nam béus ceanalta,
Léug-thàlaidh nam fear òg.

A gruag air fhiamh nan dìtheanan,
'Nà dualaibh cuachach lìomharra,
M'à guaillibh bàn, gu sìodanach,
Mar chanach mìn an lòin.

A sùilean gorm-ghlan gràdh-theumach
Mar dhriùchd 's a' mhaduinn àileanta
Air dearcaibh ùr na fàsaiche
Fo ghréin, a' dearrsadh beò.

Beul guamach, cuanda, mealanta,
Air seinn nan duanag ealanta;—
Gur niarachd fear a mhealas e,
'S do cheanaltas, le còir.

Geal-mhuineal mìn mar fhar-rusgaig
An ròis air ògan meanganach,—
'S e soillseachadh, mar chamhanaich,
Gu faileasach, troi 'n t-sròl.

Uchd àigh nan tlà'-smuain gaolach,
Paisgte suas 'am péurlainn chraobhaich,—
Leis an tàthlai'r sùil nan aosmhor,
'S bheir fo dhaorsa na fir òg.

Gur glan do shnuagh 's do ghiùlan;
Anns gach suairceas thu co'-ionnsuichte:—
Gur tiunnail do aon diùc thu,
No do phriùnnsa, 's an Roinn-eòrp.

S. M.

32.—AINNIR NAN GÀIDHEAL.

Fonn—"*Rose of Lucerne.*"

Gur mòr ort mo rùn,
Ainnir ùr nan sùl gàireach,
Gur mòr ort mo rùn,
Ainnir ùr nan ciabh fàinneach.

Ge guamagach cas-luath
Guanag na Machair,
Suaint' ann am pasgadh àillidh,
Cha-n eil i cho béusach
Ri éucaig nan Gàidheal.

Gur mòr, &c.

Ge bòidheach ri 'm faicinn
Og-mhnathan Shasonn,
Sàr-mhaiseach mar na blàithean;
Cha tàlaidh iad m' ùigh-sa
O ùr-ros nan Gàidheal.

Gur mòr, &c.

Ge beò-shuileach brasda
Sò-ghradhach gasda
Gruagaichean cas na Spàinnte,
Cha-n eil iad cho tairis
Ri ainnir nan Gàidheal.

Gur mòr, &c.

'S ge ceòl-bhinn, gun teagamh,
Oighean na h-Eadailt,
Eòlach air eagar dhàna,—
Gur binne leam duanag
O ghruagaich na h-àiridh.
Gur mòr, &c.

Gur cuaileanach soighne
Gruagach a' mhonaidh,
Uasal, gun chron 'nä h-àbhaist;—
Gur h-ìnntinneach fallain
Glan-fhaillein nan àrd-bheann.
Gur mòr, &c.

I mòralach banail;
Ròs-bhileach, mealach,
Fòghluimt' 's gach ceanal àluinn;—
Cha-n fhaighear air thalamh
Mar leannan à h-àicheadh!
Gur mòr, &c.

S. M.

33.—COILLTEACH ÙR NA MÒR-THIR.

Fonn—"Birks of Aberfeldy."

A NIONAG òg a's bòiche gnùis,
A's bòiche gnùis, a's bòiche gnùis,
Am falbh thu leam air chuairt a nunn
Do choilltich ùir na Mòr-thir?

Tha 'n Samhradh soillseach feadh nam blàth,
'S a' boisgeadh air na h-alltain àill,
Thig, caitheamaid na làithean àigh
Feadh fhàsaichean na Mòr-thir.

Na h-eòin gu greannor ann a' seinn,
'S na géugan calltuinn os än cinn,
No 'sgiathais thall, ri sùgradh grinn,
Feadh choilltean binn na Mòr-thir.

Mar bhalla suas na bruachan àrd,
Fo choip am bùrn a' brùchd le stàirnn,
'S na géugan cùrraidh sgaoilt' fo bhlàth
Thar sruithean àill na Mòr-thir.

Na stùcan liath fo choroin fhlùr,
Na h-easan càir-gheal sios 'nän spùt,
'S än ceò ag eirigh 'n àird 'nä dhriùchd
Air coilltibh ùr na Mòr-thir.

Cia bith is Dàn domh ré mo chùrs'
Cha-n éirich smuairean orm mu'n chùis,
'S mo shonas iomlan leats', a rùin,
'An coilltich ùir na Mòr-thir.—BURNS.

S. M.

34.—AN RÌBHINN BHEAG ÒG.

Fonn—"*Mo Mhali bheag, o.*"

GUR gaolach leam 'bhi làmh-riut,
A shàr-ainnir òg,
Ged tha thu fòs 'ad phàiste,
Mo shàr-chailin òg;—
'S na'm b'eòlach mi air bàrdachd,
Gu'n cuirinn dàn air àirde
'S am foillsichinn dhoibh d' àillteachd,
Mo shàr-ainnir òg.

Gur bòidheach leam do mhìn-fhalt,
A rìbhinn bheag òg,
'Na dhualagan mar shìoda,
A rìbhinn bheag òg;—
Do shùilean glana mìogach
Mar dhearrsa-gréin' air fìor-uisg',
'S do ghruaidhean meachair lìth-ghlan,
Mar lìomhar nan ròs.

Do bheul mar chuachaig-mheala,
Mo chailin beag òg,
Do mhuineal, geal mar eala,
Mo chailin beag òg ;
Do bhroilleach mar an neòinean,
Mar cheòl nan spéur do chòmhradh,
'S do dhéud mar shneachd iar òg-chur,
Mo theò-chailin òg.

'S 'nuair ruigeas tu an aois sin,
A chaoin-ainnir òg,
Gur lion iad a bheir gaol dhut,
A chaomh-ainnir òg ;—
'S an t-òigear sin d' an tàrl e
Thu 'bhuileachadh do làimh air
Bi'dh sonas buan 'na fhàrdaich—
A thlàth-ainnir òg.

S. M.

35.—GLOGAIDH-HŎMH.

Fonn—" What can a young lassie, &c."

O, CIOD a ni caileag,
Og-chaileag, deas-chaileag,
Ciod è a ni caileag
De sheann-bhodach faoin ?
Droch bhuil air an earras
A bhrosnaich mo mhamaidh
A Seònaid a mhalairt
Air fearann 'us maoin !

Bi'dh am bodach a' smùcail,
A' cneadraich 's ag ùnaich,
'Us mise, fo dhù-bron,
'Am chrùban r' ä thaobh

A' càradh nan lùireach,
'Us snigh' air mo shùilean,
A' cuimhneach nam fiùran
D'an dùraiginn gaol.
O! ciod, &c.

O mhoch-thra gu feasgar
Aon tàmh cha teid airsan,
Ach a' séidil 's ag eirplich,
'S casd-feadrach á 'chraos;
E clod-cheannach cadlach,
'S an fhuil ann iar ragadh,—
O! 's cianail 'bhi cadal
Le glag-bhodach baoth!
O! ciod, &c.

E frionaiseach mùgach,
Ri borbhan 's ri gnùsdaich;
Cheart aindeoin mo dhùrachd
Cha chùm mi air saod;
Bi'dh eud rium 'us gròig air
Air eagal nan òigear,—
Mo bhron! an là chòmhlaich mi
Sgleògairneach maol!
O! ciod, &c.

'Nuair chi mi bean Lachuinn
'S à naoidhean 'nà h-achlais,
Ag imeachd do'n chlachan
'S à tasgaidh r'à taobh,
Thig reachd ann am bhràgad,
Le h-aimheal 'us tàmailt,
Gu'n chàirich iad làmh-rium
Sean-dràsgal gun saod!
—O! ciod, &c.

Tha truas dhiom aig Anabla,
Seann phiuthar m' athar,

Mar làmhas gu'n lean mi
A h-earailean caomh,—
"A chùradh 's ä chrannadh
Gu 'ghreasad fo thalamh,
'S ùr-òigear a cheannach
Le h-earras na h-aos'."—BURNS.

S. M.

36.—THUG I CION DÒMHSA BUILEACH.

Fonn—"I ha'e a wife o' my ain.'

THA Eilidh seachd deug 'us còrr,
'S à broilleach gu ròsach lurach,—
Ge h-ioma fear eil' air à tòir
A cion thug i dhòmhsa buileach.

Ge lion fear bileagach òg
Tha 'sireadh à pòig 's à furain,
Cha ghéill i tuille d' än glòir,
O'n thug i 'cion dòmhsa buileach.

Ge ràiteach Uilleam nan dròbh,
'Us Alastair mòr nam buillean,
Cha-n fhaod iad tighin 'nà còir
O'n thug i 'cion dòmhsa buileach!

Gu'n dhiùlt i Lachunn nan seòl,
'Us Tramasgal Gleòg nan sumag!
Cha-n éisd i idir ri 'n ròsg
O'n thug i 'cion dòmhsa buileach.

Bean òg gun stannard gun ghò,
A's barraichte eòl 'us cumadh,
A bian mar ghaillinn air tòrr,
'S à ceannaidh mar cheò air mulan!

A h-aodunn flathasach fòil;
A bilean mar chòineig munaidh;

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

Tha clannadh de 'h-anail mar dheò
A thig o raon feòir ri turadh !

Di-haoine thig Féill-an-ròid,
Di-sathurna 's dòmhnach bun ris,
Di-luain gu'm meal mi à pòg,
'S gu'm bi mo chuid sòlais buileach !

EAGAR.

37.—AN GAOL TAIRIS.

Fonn—" Cha-n innis mi dh'aon'tha fo'n ghréin'."

O ! BHUANNAICH sinn tairis 'nar gaol
Fad bhliannai bu chaochlach cuairt,
A' sealbhachadh aoibhneis a chéil',
'S a' measgnach ar déur 's ar smuairn.

'S 'nuair dh'fhair'inn-sa mulad no béud,
Ghrad-thigeadh o d' bhéul dhomh fòir,
Oir dh' iompaicheadh d' fhàilte gun phléid
Gach duibhre gu léus thra'-nòin !

'S tric aighir 'us subhachas daond'
A' tionndadh gu aoigh a' bhròin,
Mar thùirlingeas duilleach nan craobh
A's t-fhoghar, 's an raon fo cheò.

Ge minic a dh'fhiosraich sinn, daor,
A mhalairt so, 'ghaoil, fo leòn,
Gur h-eòl dhuinn le chéil' air gach taobh
A *h-aon* nach d' rinn aom o 'n nòs.

O ! bhuannaich sinn tairis 'nar gaol
Fad bhliannai bu chaochlach cuairt,
A' sealbhachadh aoibhneis a chéil',
'S a' measgnach ar déur 's ar smuairn.

'Us caidreamaid dòchas gu'n géill
Na shiubhail d'ar ré do'n chòrr ;—
Co-phàirticheams' acain do chléibhs',
'Us gabh-s' air m' uil' éibhneas còir !

ABRACH.

38.—A' BHEAN AIG FIONNLADH FANN.

Fonn—"Sic a wife as Willie had."

AIG Fionnladh Fann gu'n robh ä thàmh
'S an Sgàrdaich, bràighe uisge Churra ;
Buabastair e 'thilgeadh spàl,
'S a ghoideadh snàth cho math ri urra ;
Bha bean aige 's i buidhe gràna',
Meig Nion a' Cheaird b'i màthair doimeig—
Leith'd na mnà aig Fionnladh Fann
Is gann gu'n tugainn puinneag oirre !

Tha aice sùil,—leth-shuil amhàin,
'S à dreach mar dhà shuil cait, gu buileach,
Fiacla meirgeach,—cóig,—'us sgòrr ;—
Gu'm bódhradh à clab gleòdhrach muillear :—
Roibean feòsaige m'à mùig,
A smig 's à sron a' mùitheadh conais,
Leith'd na mnà, &c.

Cam-speireach i, 's i luirgneach fiar,
A leth-chas bacach, trian 'an ciothram,
Car gu deas dhi, 's car dhi tuath,
G'à cumail suas ann an co-chothrom ;
Pait air broilleach na mna mìne,
'S air à guaillibh mìll mar thorrain,
Leith'd na mnà, &c.

Chìtear bruchuil taobh a' ghealbhain
'Nighe 'sean-ghuis le 'bois dheiseil,

Ach bean Fhionnlaidh suathaidh clùd
Ri 'h-ùrlainn, gur h-i 'bhrùid a's speisealt;
Cràgan mòra mar chleibh òtraich,
Gnùis a dheanadh Lòchaidh brollach,
Leith'd na mnà, &c.—BURNS.
S. M.

39.—CIA CIANAIL MI AN NOCHD.

Fonn—"Cauld Kail in Aberdeen."

CIA cianail mi an nochd leam féin,
'Us mi gun chéile làmh-rium!
Mo smuaintean tiamhaidh, 's mi gun ghléus,
Nach eil ann té 'bheir gràdh dhomh!

Ochòin! is truagh an t-òganach
(D' ä chrìdh' gur dò bhi cràiteach,)
Nach faigh bean òg 'an cùirt nan òïgh
A dheònaicheas à gràdh dha!

Cha-n ioghnadh ged do liath mo cheann,
'S ged tha mi fann 'am chàileachd,
Cha-n ioghnadh m' ùrla 'bhi fo ghreann,
'S nach eil mi 'n geall air àbhachd.
Ochòin, &c.

Gur cruaidh bhi tionndadh ré na h-oïch'
Gun chlos, gun chaoimh,—ri cànran;
Gur cruaidh 's an là a bhi gun sgoinn,
Gun dùil ri cloinn, le 'm mànran.
Ochòin, &c.

'S e dh' fhàg gun rìbhinn mi, fo bhròn,
Nach d' rinn mi òr a chàrnadh,
'S nach eil mo sheòl cho fial 's bu chòir
A chumail dòigh air càraid.
Ochòin, &c.

Ged tha mo chrìdh' gu trom an tì
Air òigni ghrìnn no dhà dhiubh,
Cha taobh iad mi—tha maoin am dhìth,—
'S ro dhlùth do'n Chìll tha m' fhàrdach!
Ochòin, &c.
M. S. C.

40.—LÉUG MO CHRÌDH.

Fonn—"*Iain Ghlinn Cuaich.*"

THAR gach àird as an séid
Gaoth shiùbhlach o spéur nan nial
Thug mise mo spéis
Do 'n fhannan thig sèamh o'n Iar;
'S ann an sin a tha tàmh
Na h-ainnir' a's àillidh snuagh,
Bean òg an fhuilt réith,
Ann am maise nan céudan buaidh.

Ged is ioma sruth baoth
Doire-coille 'us aonach àrd
Eadar mise 's mo ghaol,
Gu bheil m' aigne r'à taobh do ghnà;
Chi mi 'cruth anns an ròs,
'S ä bhileagan òg fo dhealt,
'S bheir ceileir gach eòin
'Am chuimhne à ceòl-ghuth blasd'.

Gach lus air an raon
A's luraiche aoigheil dreach,
Agus fiamhachd gach eòin
'Nam aire bheir òigh' na mais'.
Dhòmh-sa coire cha léur
Ann an cailin nam béusan mìn,—
Ma tha foirfeachd fo'n ghréin
Tha à tuinidh 'an Léug mo chrìdh'.
ABRACH.

41.—'S ÒG A THUG MI GAOL DHUT, ANNA.

Fonn—"Roy's wife of Aldavalloch."

S' òg a thug mi luaidh dhut, Anna,
'S òg a thug mi luaidh do m' leannan,
'S mar is bòi'che 'dh' fhàs gach buaidh,
Is mòid' a chìnn mo luaidh, ort, Anna.

Og, feadh nam bruach, a' cuallach bhàth',
'S a' buain nam blàth,—bu tràth ort m'aithne,
B' àillidh' le m' shùil, 's an àm do ghnùis
Na flùrain ùr' an tùs an earraich.
'S òg, &c.

Cùrr-bhilean tlàth mar bhlàth an fhraoich;
Do phòg bha maoth mar chaoin a' chanaich;
'S tric, meadhoin là, fo sgàil nan craobh
A rinn an gaol gu caomh ar tarruing.
'S òg, &c.

Sùgradh gun mheang 'us mànran tlàth,
Mar 's nòs do phàistean bàth, 'n ar n-aire,—
Eòin bheag nan géug ri 'n sùgradh féin,
No séinn le h-éibhneas-gràidh 'n ar carabh.
'S òg, &c.

B' àille do shùil na réulag ùr,
Bha sgèimh do ghnùis mar fhiùran barraich,
Mìn-fhalt do chinn 'nä dhualaibh slìom,
'S e sìnte, sios o'n stìom, gu bar'onn.
'S òg, &c.

'S chinn thu gu foirfe, fìnealt, àill,
Mar dh'fhàsas àrd-chrann sàr á faillean,—
D' ùr-bhroilleach mùirn 's do chuailean dlùth
A' tàladh rùin gach fiùrain bharraicht'.
'S òg, &c.

Aotrom do chéum mar eun air sgéith,
Do ghiùlan béusach, bìth, gun sgainnil;
Nòsar do ghruaidh mar ùbhlan ghéug,—
'S mar thùis ag éiridh téis o d' anail.
'S òg, &c.

Mar òradh gréin' air cruachan àrd
'S a' chéitean àigh, do ghràdh do m' anam;
'Us mar a' ghrian do bhian nam blàth,
Mar sin do m' chàil do bhlà'-shuil thairis.

'S leam do ghràdh 's do chàirdeas, Anna,
Riabh o'n bha thu 'd phàistean, Anna,
'S O! cha dìbir mi gu bràth
An gaol a thug mi trà dhut, Anna.

S. M.

42.—GURSAL, A' CHINN ÀIRD.

Fonn—"Tibbie I ha'e seen the day."

A Ghursal chunna mise la'
Nach sealladh tu cho gnùth;
Ri m' ainnis dh' éirich dronnag ort,
Ach, 's coma leam co dhiù!

An dé gu'n choinnich mi thu 's t-sliabh,
Nior labhair, ach thug as mar fhiadh,
Geoic-mhoit ort chionn gur bochd mo rian;
Ach 's beag mo phian mu'n chùis!

Cha teagamh leam nach e do bheachd,
A bhuinneag, 's ainm gu'n d' fhuair thu toic,
Gu'n tàlaidh thu', 'nuair's àill, mo thlachd,
Le priobadh raisg do shùl.

Ach, doirbheas air an dìbleachan,
(Ged robh ä phòca gun am plang)

A leanas duairceal uaibhreach, ann,
A ghogas ceanu mar thù !

Ged thigeadh fleasgach tapaidh beò,
Ma bhios e 'chion an trusdair òir,
'S ann ni sibh car a chur 'n ur sròin,
'S ä fhreagairt gnò, le mùig !

Ach, O ! ma luaidhear saibhreas ris,
Gu'n lean sibh ris cho teann ri dris,
Ged 's gann a bhiodh e, 'n tùr no 'm fios,
Nas measaile na brùid !

Ach, seall tu, 'Ghursal, gabh-sa toirt ;
'S e stòras d' athar 'thog do mhoit ;
'S an rosad foighneachd a bhiodh ort,
Cho bochd na 'm biodh tu riùms'.

Tha caileag thall an Lios-nan-learg,
'S á 'léine b' fhearr leam i, gu dearbh,
Na thus', a sgléid, le d' mhile marg,—
Gu'm b' fhearra dhut sealltuinn sùmh'il !

BURNS.—S. M.

43.—AN LÀMHRAGADH.

Fonn—" A righ ! leig dhachaigh gu m' mhàthair mi."

A RIGH ! leig dhachaigh gu m' mhàthair mi,
Sguir dhiom, a shlaididh, 'gam shàrachadh !
A righ ! leig dhachaigh gu m' mhàthair mi.

Cha-n fhaigh thu uam pòg
Ge b' oil le do shròin ;
Sguir ! buailidh mi dòrn 's a' chàirean ort !

Mur leig thu dhomh tàmh,
Gu'n glaodh mi cho àrd
'S gu'n tig cuid de m' chàirde 'smàlas thu.

Seall ! shniomh thu mo dhòrn,
Is chaill mi mo bhròg,
Is shrachd thu mo chòta—'s nàrach dhut.—

Nach sguir thu, 's bi falbh,—
Gur bòidheach, gu dearbh,
Le d' obair, an dealbh a dh' fhàg thu orm !

Sin ! bhris thu mo chìr !
Do ghonadh 'ad chrìdh' !
Leig as mi, no chì mo bhràthair sinn.

Seall, sid Eobhan Mòr
Gu h-àrd air an tòrr !
Dean sgur dhiom, no ìnnsidh e 'm mhàthair e.

Leig cead domh, 's thoir ort
Gu Seònaid nan cnoc,
Gu bheil i fo sprochd o'n dh' fhàg thu i.

EAGAR.

44.—DEIREADH NA MOITE.

Fonn—" *Tha m' aigne rium ag éirigh.*"

GUR fad o'n tha mi 'n tòir ort,
A Mhali òg nan céutabh,
'S gur fad o'n gheall thu eiridinn
Air deilis theth mo chrìdh' ;
Ach fathast tha mi deireasach
A' feitheamh uat ri faochadh ;—
O ! greas, 'us dean mo shaoradh,
Le d' ghaol mu'n claoidhear mi !

Chaidh 'n t-Earrach fad air chùl uainn,
'S tha 'n Samhradh ùr mu'n cuairt duinn,
Tha Nàdur blàth ri sùgradh
Feadh nan gleann, nan stùchd, 's nan sliabh ;—

Gach créutair sona, 's céil' aige
Ri h-éibhneas feadh nan grianan ;—
Bi'dh mise 'mhàin 'am ònrachdan
Ma shòras tu bhi 'm riar.

'S tha 'n geamhradh a' tigh'n dlùth oirnn,
Le 'dhùldachd 'us le 'fhuarachd,
'S tha 'n aois a' teachd air chùlaobh sin,
Le 'h-ùrla phreasaich chruaidh ;
'S ma fhroiseas blàth na h-òige dhiot,
A shòrag, creid-sa uamsa
Nach faigh thu, 'nuair a's àill leat e,
Mo làmh-sa no mo luaidh !

S. M.

45.—AM FÒIRNEADH.

Fonn—"*Uillcachain, an tig thu idir.*"

Iseabail, nach gabh thu furas,
Iseabail, nach dean thu tàmh ?
Iseabail, gu bheil thu gòrach
Mu'n am pòs thu Donull bàn.

Geda thàinig e gu làithibh,
Tha e làidir, reachd'or, slàn ;
Na biodh iomgain ort a h-àlach,
Bios tu 'd mhàthair, na gabh sgàth.

'S math do bhòrd a bhi gun ghainne,
'S pailteas bainne aig do bhà,
Seach 'bhi 'n taice giullain shuarraich,
'S e gun bhuaile is gun bhàrr.

Gheibh thu deiseachan 'us rìomhadh,
Cha bhi 'n dìth ort, theid mi 'n ràth,
'S fearr dhut sin na'n airc, 'us brìodal
Iaïn chrìn á Dail-a'-chàis !

Tog dhe d' iomairt feadh an tighe,
Cha-n eil math dhut a bhi bàth,
Glac an gliocas,—'s glac an stòras
'Tha cho deònach teachd 'ad dhàil.

Iseabail, mur gabh thu 'n tairgse,
Bios mi feargach riut gu bràth,—
Muna còrd thu nochd ri Dònull,
Gabh mu d' chaiseart tòs an là!

Greas, gabh comhairle, 's cuir umad,
Bios an duine so gu'n dàil,
Na biodh aileag ann do mhuineal
'Nuair a chuireas e ort fàilt'.

S. M.

46.—AN CIANALAS.

Fonn—"A Mhairi bhòidheach 's a Mhairi ghaolach."

GED thainig aimsir nan lus 's nan eòinean,
'S ged tha na dailthean fo thrusgan neòinean,
'N am chridhe trom-sa cha mhosgail bòi'chead
An t-samhraidh àillidh ach dàn gun sòlas.

A Mhàiri aoigheil, a Mhàiri bhòidheach,
A Mhàiri aobhach a dh' fhàg mi brònach,
A Mhàiri ghaolach a rinn mo leònadh,
O! till an taobh so, ma's caomh leat beò mi!*

O'n dh' fhàg thu Albainn nan garbh-bheann mòra,
Riabh riabh o'n dh' fhalbh thu gu'n 'shearg mo dhòchas,
Mo chridhe bruaidleanach goirt gun stòldas,
'S mo chadal luaineach, gun tuar mo neòil orm.

Cha-n fhios—nach dichuimhnich thu mi 'n còisir
Nan comunn rìomhach 's am bi thu 'n cònaigh,—
Cha-n fhios—an till thu do thìr nam mòr-bheann,—
Cha-n fhios—ciod ni mi?—ad dhìth cha bheò mi!

---

* *Airis so aig deireadh gach rainn.*

'An gleannan uaigneach nan cuach 's nan sòbhrach
Gur tric air chuairt mi, 's an duathar, ònrach,
A' sireadh d' ìomhaigh 's gach ionad sònruichte
Far 'm bu dual dhuinn bhi cluaineis còmhla.

'S tha 'n t-eas a' smùidrich thar sgùr na Mòr-chraig,
Tha 'm beithe lùbach gu h-ùr 'gà còmhdach,
Na bruacha 'lùisreadh le lusain nòsar,—
Ach, chion mo rùin, cha-n eil m' ùigh 'na 'm bòi'chead!

Tha 'choille uaine mu chruaich na Mòr-chraig,
Is ceileir guanach aig tuath nan cròchd-mheur,
Ach mise—('s truagh mi!) cha tog än ceòl mi,
Aon nì cha ghluais dhiom an smuairean bròin so!

Ach sid a dh' fhuadaicheadh uam am bròn so,
A bhi, mar b' àbhaist, le Màiri bhòidhich,
Air feadh nam fàsach, 's nan lagan ròsach,
A' mealtuinn màurain à gràidh 's à còmhraidh.

S. M.

47.—MAISE NA H-ÒIGE.

Fonn—"*Faillirinn, uillirinn, ocharainn, iù,*" *&c.*

Ge bòidheach na sraithean
'Nän laidhe fo fhéur;
Ge raghainn shùl craobhan ùr
Iar an còmhdach le driùchd;
'S raghnaiche 'n sealladh lium
Cailin thrì-déug.—
Air faillirinn, uillirinn, &c.

Gur céutach lium caileag
Nan camagan réith;
An ainnir òg bheathail, bheò,
'S i gun lùb na gun ghò,

Saor o gach smalan
Ri dealar nan réul.
Air faillirinn, uillirinn, &c.

A blà'-bhilean meala
Mar mhealas nam péur;
A broilleach bàn 's e fo bhlàth;
Muineal àigh, ruighe gràidh;
'S àile à h-anail
Mar chaineal nan léigh.
Air faillirinn, uillirinn, &c.

'S e 'cuailean donn clannach
A's cannaiche gléus;
E barrach dlùth 'sruth m' à cùl,
'S mu na guaillibh geal lùgh,
Urar mar achadh
'Am maduinn chiùin chéit.
Air faillirinn, uillirinn, &c.

'Nà gluasad i ealamh,
'S i banail 'nà béus,
Tha fiamh à gnuis fallain ùr,
'S dealan ciùrraidh 'nà sùil;
'S cùis i gu anam
A tharruing fo ghéill!
Air faillirinn, uillirinn, &c.

S. M.

43.—CNUASACHD CAILLICH DHONNCHAIDH 'IC UILLEAM.

Fonn—"*Comhachag bhochd na Sròine.*"

A' CHEUD EARANN.

Mi 'm shuidhe air Meall-an-fhuarain,
'Sealltuinn mu'n cuairt air Loch-lìobhann,

(Far an robh mi aotrom uallach,)
'S air na glinn 's na ghluais mo shinnsre,

Chi mi 'n t-Inbhear agus Comlıann,
A' Chàrnach, 's na Maola-dubha,
(Cha b' iad ach na Maola buidhe,)
A dh' fhàs gu bainnear, braonach, clŭthor,

Agus Coir'-fhioghain nam fuaran,
As an tric an d' fhuair mi deoch,
'S am minic an robh 'n damh cluas-dhearg
'Dol 'nä ghailc le luath's nan con ;

'S Acha-trìochadain nam beann,
A's àrd ceann 'an iarmailt nan spéur ;
Is colgarr' greann ri slignich shneachd,—
Creaga glas mu'n cinn am féur ;

'Us aghaidh riabhach Sgùr-na-cìche
'Sealltuinn dìreach air a' Chaillich ;
Ge riabhach brucach, gur brìgheil,
Seamragach, mìllteachail, failleil.

'S ioma gaillionn agus gaoth
Dh' fhuilig an dà aodunn ghlas,
Cha luidh orra smal na h-aos',
'S gu la bhràth cha chaochail as.

'S ioma òganach deas ùr
Bu shùbailt glùn 's bu lùthar cas
A shiubhail aghaidh än stùc,
'S a leig ä chù seang, siùbhlach, bras.

Chi mi Gairbinn nan càrn glas',
'Us Féith-nan-lap air à cùl,
Coire-chorcaig 's Gleann-a-chaolais
'S an dean am boc le blaoman* dùsgadh.

---

* Blaoghan.

Chi mi 'm Bodach stùcach, gruamach,
Coire-na-bà 's an dà Ghruagaich,
'S an dean damh na cràice nuallan,
'S tàrmachan nan àrd ä ghruadal.

Tha mi 'sealltuinn air mo dhéigh
Air sléibht' a's tric a chéum mo chas,
'S fann-ghrian an fheasgair a' déarrs'
Air an sliosan réithe cas.

Tha mo chridhe ann am chliabh
(Le buille dhéin) 'am fiabhras bras,
A' meòmhrachadh fìnid mo chuairt
'An tìr nan cruach, nan gleann, 's nan glac.

AN DARA H-EARANN.

Ach ma ni mi triall air m' ais,
(Mo cheann glas, 's mo chas neo-lùthor,)
Bi'dh mi fàilteachadh nan aonach
'N àit' nan daoine b'à'ist* bhi dlùth dhomh.

Bi'dh mo chridhe dhiom a' foighneachd
Cà' bheil na maidionnan àbhach
A chithinn, moch agus feasgar,
'Dol a leigeil cruidh do'n fhàsach ?

C'àit' am beil sgalag an àitich ?
C'àit' am beil àireach na spréidhe,
Le 'm bu bhinn 'bhi 'n gleann na h-àiridh
'G éisdeachd toirm an àil a' géumraich ?

C'àit' am beil sealgair nam fiadh ?
C'àit' am beil iasgair na h-amhann ?
Cà' bheil uile mo luchd-eòlais ?—
Tha,—gun deò fo'n fhòid 'nän laidhe !

Ach saoilidh mi gu'm faic mi 'n cruth,
A' tàmh, fo stuirt, air uchd nan stall ;

---

* B'àbhaist.

Saoilidh mi gu'n cluinn mi 'n guth
'An tormanaich shruth nan alld !

'S cianail leam fiamhachd nan tom,
'S an dubhar trom a ta mu'n t-sliabh ;—
Cha doilleireachd air gnùis na grein' e—
'S i mo léursainn tha dol dhiom !

'S tiamhaidh leam torman nan eas
A' taomadh feadh sgolb nan creag—
A chraobh liath, tha miarach dosach,
'S cuimhne leam 'nuair bha thu d' phreas !

'S cuimhne leam 'nuair bha thu d' phreasan,
'S a lùbadh a' chuthag do ghuisein,
'Nuair a bhiodh i, àm an fheasgair,
Ri gug-gùg 'an dlùth's nan dosan.

Duibhre na h-oïche teachd fagus,
Smeòrach 's an òganan a b' fhaide,
'S neòineanan 'lòintean an driùchd
'Dùnadh an sùl—'dol a chadal.

Oigearan a' tigh'n á fireach,
Buachaillean a' teachd o'n innis,
Duanag aig gruagaich na buaile,
'S mac-talla 'cur suas à binneis.

Oigeir fhaoin d 'an aois am fichead,
Treun á d' dhòrn, 'us àrd 'am misnich,
Bi'dh tu fathast mar ta mise,
'Caoidh nan nithe a chaidh seachad :

Do làmh lag, do chéum mall,
Do chridhe trom, do shùil dall,
Do cheann crom, do chom fann,
Gu h-uaigh ag aomadh gu teann.

Tha beath' an duine a' triall
Mar fhaileas nan nial air fonn,

(Gaoth 'gän ruagadh 'san spéur,)
'S co gheibh lorg an déigh am bonn !

Dhìrich mi aoibhinn an tulach,
Mi nise téarnadh fo mhulad,
Cuan na Sìorr'achd am làthair,—
Air ä thràigh co thàrras fuireach ?

A Thì chuir solus anns a' ghréin,
Agus crìoch roi' chéum nan tonn,
'An gleann dorcha sgàil' a' bhàis
Biodh do làmh 's do ghràsan leam !

CRUACHAN.

49.—OIGHRE 'N TIGH' CHLIÙITICH.

Air Fonn—" O hù o, o hù o,
O hù o, ho éile," &c.

Og-oighre 'n tigh' chliùitich
Cò dhiùltadh leat éirigh ?
Og-oighre 'n tigh' chliùitich,
'Nàm rùsgadh nan géur-lann ?
Og-oighre 'n tigh' chliùitich.

Na'm faighinn-sa còmhnadh
O dheachdadh na ceòlraidh,
Chuirinn dàn ann an òrdugh
Air an òigear, Enéas.

Ort, Aonghais òig Ghlinnich,
Oighre Chnòideart nam fireach,—
Thu bhi còrr tha mi sireadh
Ann an grinneas 's an éuchdaibh.

Ged bu chiùin thu 'ad leanabh,
'S fad' tha mis' iar mo mhealladh,

'N uair a ghairmear 'ad fhear thu,
Mur ceannardach tréun thu.

Cha b'ann o fhuil shuaraich
A thug thu bhi uaibhreach,
'Sa liuthad sruth uasal
Tha 'n cuairtibh do chléibhe.

Dh'innsinn earrann de d' Shinnsreachd,
Iarla Rois agus Ile,
Innse-gall 'us Chinntìre,
Siol Mhìlidh nan tréun-chath.

Ann 'ad àrd-fhriamh nach canam
Ciar-Olaus o Mhanainn ?
B'e sud sàr " Righ na mara"
'S tric chuir Galla 'nän éiginn.

Mar sud 'san sonn a bha ainmeil,
Leis 'n do chuireadh cath Gharbh'aich,
'Choisinn buaidh', 's a' mhòr aintheas,
Thar armailt na Béurla.

Oighre dligheach Righ Fionnaghail
D'an robh " Tigh 'us leth Alba,"
D'an robh treun-fhir nan Garbh-chrioch
'Nä armailt ag éiridh.

Bu libh éirigh nan daoine
'Thig o Mhùideart nan caolas,
Ged nach marbhte riabh *Raonull*,*
Ann an caonnaig Bhlair-léine.

'S gur tu'n Raonullach maiseach,
'Dh'aindeoin mi-ruin luchd-talcuis :—
Tha fuil righrean *gun ghaiseadh*,
A' siubhal bras ann ad fhéithibh.

---

* Raonull Gallda.

An dà fhuil a rinn sioladh
Troi' *Raonull*,* 's troi 'n *Iarla*,†
Thug iad coinneamh 'nad chliabh-sa—
'S tu Siol an dà thréun-laoich.

Sud na fir 'ni dhuit ùmhlachd,
Mar oighre Flatha än Dùchais—
Siol Ailein á Mùideart—
'S siol Uisdein á Sléibhte.

Righ ! gu faiceams' thu fathast,
'Ad cheannard-stiùraidh air Maithibh
Mar bu dual dhut o d' Athair—
Ard-fhlath sin na féile.

Righ ! gu faiceam thu d' Stàta,
'Cumail suas cliù nan Gàidheal,
Shubhailcean, misnich, 'us cànain,
Dream d' än nàmhuid nach géilleadh.

Righ ! gu faiceam na làithean,
Iar cosnadh buaidh dhut 's na blàraibh,
'Gheibh dhut Moraireachd Arois,
Còir do Nàduir, 's do bhéusan.

Righ ! gu faic mi thu freasdal
Ann am Pàrlamaid Bhreatuinn—
Ar Saorsainn a sheasamh,
Le treis, o gach éucoir.

'Réir fior mheud an luaidh-chliù
Mu d' shinnsreachd a chualas,
Biodh do ghaisge, 's do shu'ailcean
A' toirt buaidh air a chéile.

Bi seirceil ri d' dhaoine,
Ri d' chàirdean bi faoilidh,

---

* Raonull nan Eilean. † Iarla Rois.

'S ri d' nàmhaid bi daondach—
Fo d' fhraoch 'nuair a ghéilleas.

'Se dùrachd mo chléibh dhut,
Gach piseach, 's gach éibhneas,
'S do shliochd mar Chonn nan ceud chath*
Gu àm céin bhi gun di-chuimhn'.

Og-oighre 'n tigh' chliùitich,
Co dhiùltadh leat éirigh ?
Og-oighre 'n tigh' chliùitich,
'N àm rùsgadh nan géur-lann,
Og-oighre 'n tigh' chliùitich ?
'S cha diùltainn-sa féin e,
Og-oighre 'n tigh' chliùitich.

ABRACH.

50.—MUIRNE BHAIL-AN-'UARAIN.

Fonn—"The lass of Ardanteenie."

Mi sgìth ag imeachd feadh nam beann
'S an tric am mang a' gluasad ;
Mo chéum a-sios gu làr nan gleann,
'S mo sheang-chu falbh fo ghruaman ;—
Cha d' rinn mi éuchd air iar-odh' 'n fhéidh,
'S cha d' imir béud air ruadhaig,—
Ach 's e 'dh'fhàg trom mo cheum 'us m' fhonn
'N nion donn tha 'm Bail-an-'uarain.

'S i Mùirne bhàn nan cuachag àir,
'S nan àbhaist màllta suairce,
(Reul-iùil mo ghràidh, a gheall à làmh
Le bòidean dàna buan domh)
A ghluais an cràdh nach sìol gu bràth
'Nam inntinn, làn de smuairean ;—

---

* Conn ceud-chathach.

'S e 'n Bàs amhàin a smàlas tàir
Ni'n àillidh Bhail-an-'uarain.

'Nuair dh' fhàg mi 'm Bàna, moch di-màirt,
Mo chrìdh' bha àrd 'us uallach,
A' smuaineach air a' bhrìodal bhlàth
Bha 'n dàn domh leis a' ghruagaich;
Ach, O! mo chàs,—'nuair chuir mi fàilt
Air nìonaig àill nan cuachag;—
'S e thuirt i,—" Till; leig dhiot bhi strìbh
Mu rìbhinn Bhail-an-'uarain;

" Tha òigear fiù gu mòr seach thù
An déis mo rùn a bhuannachd!
A spréidh air lòn, 's ä raòintean mòr!
'S gach nì air dòigh mu'n cuairt da!
An gaol gun ghò a fhuair thu òg,
Ri linn mo ghòraich, uamsa,
Le h-eòlas mhùth,—na h-àraich dùil
Ri Mùirne Bhail-an-'uarain!"—

Do thiùnndaidh i à cùlaobh riùm,
'S mo chrìdh' mar lùnn nan cuaintean,
Ach sheall mo ghaodhar bàn 'nam ghnùis
'Us ùrla làn de thruas rium;—
Gu'n ghluais mi trom a-sios an tom
'S am fonn so teachd fo m' chnuasachd—
" Gur h-e mo chù a's dìllse rùn
Na Mùirne Bhail-an-'uarain!"

S. M.

AN CLAR-AMAIS.

		Taobh
1.	Gaol an Fhithich air a' Chnàimh,	5
2.	An Gearan gun Rath,	6
3.	Teich do'n Fhasach,	8
4.	A' Chuairt Shamhraidh,	9
5.	Ruairidh Mac Ailpein duibh,	10
6.	Illean mo Ghaol,	12
7.	Aoirig àill,	13
8.	Mairi Anna,	15
9.	An t-Oigear Uallach,	16
10.	An Oighe àluinn,	17
11.	An Euradh ghogaideach,	18
12.	Am Fonn,	19
13.	An Car clis,	21
14.	Cumha Chruachain	22
15.	Thuirt mo Mhàthair rium,	23
16.	Cumha Ionar-Ghairidh,	24
17.	An t-Armunn gun Spìd,	26
18.	Am Buaireadh,	27
19.	An Cion-falaich,	28
20.	Am Fiadh,	29
21.	Tràghadh mo dhùcha,	30
22.	An Gille fada mòr,	33
23.	O! gur brònach m' anam fo sprochd,	35
24.	Eideadh nan Gàel,	36
25.	Màiri àluinn bhòidheach,	37
26.	Nighean na h-òstaige,	38
27.	Na'm faighinn gille r'a cheannach,	40
28.	Luinneag,	41
29.	An Seim-geinne,	42
30.	An Càirdeas gun fhoill,	43
31.	Ealasaid,	45
32.	Ainnir nan Gàidheal,	46
33.	Coillteach ùr na Mòr-thir,	47
34.	An Rìbhinn bheag òg,	48
35.	Glogaidh-homh,	49
36.	Thug i cion dòmhsa buileach,	51
37.	An Gaol tairis,	52
38.	A' bhean aig Fionnladh Fann,	53
39.	Cia cianail mi an nochd,	54
40.	Léug mo chrìdh,	55
41.	'S òg a thug mi gaol dhut, Anna,	56
42.	Gursal, a' chinn àird,	57
43.	An Làmhragadh,	58
44.	Deireadh na moite,	59
45.	Am Fòirneadh,	60
46.	An Cianalas,	61
47.	Maise na h-òige,	62
48.	Cnuasachd Caillich Dhonnchaidh 'ic Uilleam,	63
49.	Oighre 'n Tigh' Chliùitich,	67
50.	Mùirne Bhail-an-'uarain,	70

Fuinn Ghaidhealach.

*2 Briogais Mhic Ruairidh.



* Aireamh an Orain.


P
cres
D C.
8. Mairi Anna
No 3.
Plaintive and Slow
espres
Fine
D.C.
9. An Gille Guanach
No 4
Slow with much Expression

12. An nochd gur fhann mo chadal dhomh

Nº 5

Moderato

13. Dh'fhag thu mi fo bhròn

Nº 6.

Slow.

3

14. Cumha Chruachain.

Nº 7

Moderato


16. Huile nam Mor-bheann.
No 8.
Very Slow & Expressive
17. Fhir a dhireas am bealach
No 9
Moderato


19. Mac Ghriogair o Rua'-shruth.
N°10.
Slow and Pleasing.


20. Am Fiadh
N°11
With bold Expression
21. Faillirinn Illirinn
N°12
Moderato
23. Dheanuinn Sùgradh ris an nìn duibh
N°13
Very Slow & Plaintive



27. Gaol am Péutanoch sughor



28. Am Breacan Tallach

Nº 15

Moderato



30. Hill ŏhŏ ro hi

Nº 16.

Moderato